

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Co-fhaclan

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleon@bbc.co.uk. This is Litir 860. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 556 corresponds to Litir 860.

A bheil sibh eòlach air an fhacal – *co-fhacal*? *Synonym* ann am Beurla. Tha facal na cho-fhacal air facal eile ma tha e a’ ciallachadh an ìre mhath an aon rud ris. Tha an dà fhacal *co-fhaclach* no *synonymous*.

An tèid agad air smaoinichadh air eisimpleir de cho-fhaclan? Uill, seo agaibh eisimpleir – *glic* agus *ciallach*. Chan eil iad buileach co-ionann, a bheil? Ach tha iad faisg gu leòr airson a bhith nan co-fhaclan air a chèile. Dè mu dheidhinn *ciallach* agus *toinisgeil*? ’S dòcha gu bheil iadsan beagan nas fhaisge air a chèile.

Bha mi an sàs ann am pròiseact co-fhaclair a’ chionn beagan bhliadhnaichean. Chaidh *co-fhaclair* a chruthachadh. ’S e sin a’ Ghàidhlig air *thesaurus*. Gheibh sibh grèim air a’ cho-fhaclair ann an riochd eileagtronaigeach air an làraich-lìn do luchd-ionnsachaidh – *LearnGaelic.scot/thesaurus*.

Anns an Litir seo, tha mi a’ dol a chur cheistean oirbh a tha a’ tighinn bhon cho-fhaclair Ghàidhlig. Chì sibh cho math ’s a tha sibh air faclan a thuigsinn!

An toiseach, rudeigin co-cheangailte ris an àrainneachd. Tha an t-uabhas de dh’fhaclan ann an Gàidhlig a tha a’ ciallachadh *beinn* no *cnoc* no a leithid – còrr math is ceud dhiubh. Tha mi a’ dol a thoirt dhuibh nan co-fhaclan airson facal. Agus tha mi a’ dol a dh’iarraidh oirbh innse dè an ceann-fhacal a th’ ann sa cho-fhaclair. Seo na co-fhaclan: *cnocan*, *tom*, *stacan*, *tulach*, *tulachan*, *sìthean*, *torran*, *tolm*, *toman*, *meallan*, *stùc* agus *mulan*. Mmm ... chan eil e furasta, a bheil?! Uill, seo e – *gnoban*. Agus ciall an fhacail ann am Beurla – *little hill*, *knoll*. *Gnoban*.

Seo eisimpleir eile. ’S e ainmear a th’ ann. Seo agaibh na co-fhaclan dha: *troc*, *sgruibleach*, *smùrach*, *aolach*, *dreamsgal*, *sgrathal*, *greallach*, *draos*, *tramasgal*, *treallaich* agus *smodal*. Dè am facal air a bheil sibh a’ smaoinichadh a-nise? Uill, ’s e an ceann-fhacal airson sin anns a’ cho-fhaclair – *sgudal*. *Rubbish*, *trash* – *sgudal*.

Agus eisimpleir de bhudhair. Seo na co-fhaclan: *robach*, *mì-sgiobalta*, *riapach*, *liobasta*, *neo-chumadail*, *neo-ghrinn*, *sgraitheach*, *lùiristeach*, *leibideach* agus *suarach*. Tha *antanaim* ann air a shon cuideachd. ’S e *antanaim* facal aig a bheil ciall a tha calg-dhìreach an aghaidh **ciall a’ cheann-fhacail**. Agus ’s e an t-*antanaim* airson seo – *sglobalta*. ’S e an ceann-fhacal *luideach*, a’ ciallachadh *shabby*, *untidy*. *Luideach*.

Nise, smaoinichibh tiotan air an fhacal *lùth*, a’ ciallachadh *strength*, *power*. *Lùth*. ’S e sin an eileamaid a th’ anns an fhacal-fhillte *lùth-chleas* agus *lùth-chleasachd*. Dè na co-fhaclan a bhiodh sibh fhèin a’ comharrachadh airson *lùth*? Uill, seo an fheadhainn anns a’ cho-fhaclair: *lùths*, *cumhachd*, *neart*, *smioralas* agus *spionnadh*. Tha *faclan dàimheach* ann air a shon cuideachd – *daingneachd* agus

spracalachd. Tha faclan dàimheach – *related terms* – car coltach ris a’ cheann-fhacal gun a bhith co-ionann ris.

Agus dè an t-antanaim a bhiodh sibh fhèin a’ taghadh airson *lùth*? Uill, seo na tha anns a’ cho-fhaclair – *laigse*. Ma bheir sibh sùil air *laigse* mar cheann-fhacal, gheibh sibh sia co-fhaclan deug, còig faclan dàimheach agus trì antanaimean. Ach chan eil *lùth* am measg nan antanaimean. Obh obh. ’S dòcha gun do lorg mi laigse anns a’ cho-fhaclair! A dh’aindeoin sin, tha mi an dùil ’s an dòchas gum bi e feumail do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig air feadh an t-saoghail.

* * * * *

Faclan na Litreach: co-fhacal: *synonym*; àrainneachd: *environment*; ainmear: *noun*; buadhair: *adjective*; antanaim: *antonym*; obh obh: *oh dear*.

Abairtean na Litreach: ma tha e a’ ciallachadh an ìre mhath an aon rud ris: *if it means pretty much the same thing as it*; buileach co-ionann: *entirely the same*; faisg gu leòr airson a bhith nan co-fhaclan air a chèile: *close enough to be synonyms for each other*; an sàs ann am pròiseact co-fhaclaireach: *involved in a thesaurus project*; gheibh sibh grèim air a’ cho-fhaclair ann an riochd eileagtronaigeach air an làraich-lìn: *you’ll get hold of the thesaurus in an electronic format on the website*; chì sibh cho math ’s a tha sibh air faclan a thuigsinn: *you’ll see how good you are at understanding words*; còrr math is ceud dhiubh: *well over a hundred of them*; smaoinichibh tiotan air: *think for a moment of [on]*; ’s e sin an eileamaid a th’ anns an fhacal-fhillte: *that’s the element that’s in the compound word*; a bhiodh sibh fhèin a’ taghadh: *that you’d choose yourself*; sia co-fhaclan deug, còig faclan dàimheach agus trì antanaimean: *sixteen synonyms, five related terms and three antonyms*; ’s dòcha gun do lorg mi laigse: *perhaps I’ve found a weakness*; a dh’aindeoin sin, tha mi an dùil ’s an dòchas gum bi e feumail: *despite that, I sincerely hope that it will be useful*; air feadh an t-saoghail: *throughout the world*.

Puing-chànain na Litreach: calg-dhireach an aghaidh **ciall a’ cheann-fhacail**: *opposite to the meaning of the headword*. Ceann-fhacal is a compound noun so how do we know which element to inflect in the genitive case? Ask yourself what the basic word is. Is ceann-fhacal a type of ‘ceann’ or a type of ‘facal’? It is clearly a type of ‘facal’ – one that provides a heading in a dictionary, so that is the word that inflects for case. The genitive singular form of facal is facail, so the genitive singular form of ceann-fhacal is ceann-fhacail (the lenition is caused by the placing of the word after ‘ceann’). The nominative plural form (in most dialects) is ceann-fhaclan because faclan is the nominative plural of facal.

Gnàthas-cainnt na Litreach: **An tèid agad air smaoinichadh air eisimpleir de cho-fhaclan?** : *can you manage to think of an example of synonyms?*

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoinichadh le MG ALBA